- (iii) seann **ú** : /Nǎ:tɔr/ *nàdar* ainr., MG fhadalach agus NGT **nádúir**, comharraichte mar fhacal-iasaid Ròmansach¹¹⁶¹ (DIL s.v.), cf. MB, SF ‘nature’.
- (iv) seann **úa** : sna faclan /t'ímɔN'/ *diombuain* br., bt. ‘diombuan’ SG **dimbúan** (DIL s.v.), agus /pifɔNTɔxk/ *bithbhuantachd* ainr. (‘ETERNITY’) tha an /ɔ/ ann an /-mɔN'/, /-fɔN-/ mar thoradh air an t-seann **úa**, ach cuideachd, dh’fhaodadh e a bhith, mar thoradh air a’ chonsan bhileach a tha a’ tighinn roimhe.
- (v) seann **i, e** : sna roimhearan ro-chlaonach /rɔ/ *ro*, SG **ri, re**, /tʰrɔ/ *tro*, SG **tri, tre**.

7.5.3.8 Ann am facal gun bheum (no le dàrnacha beum) ann an co-fhillidhean, no ann an eileamaid gun bheum (no le dàrnacha beum) ann an ainmean-àite :

- (i) a’ co-fhreagairt ri /ɔ:/ fhada no ri /ɔ.ɔ/ ann am facal le beum : /kʰLɔ 'uL'í/ *clò-uillidh* ainr. (‘WAXCLOTH’); /kʰʒɔx 'Lɑ:r'/ *còmhdach-làir* ainr. (‘FLOOR COVERING’); /kɔSɣn nɣ 'gʰɑLɑɔman/ *Còsan nan Calman* (ainm-àite); /kʰɔtʰɣ 'pɛ:n/ *còta-bàn* ainr. (‘PETTICOAT’); /mɔN'ɣ nɣ 'gʰɔ:R/ *Mòine nan Còrr* (ainm-àite); /Lu:p ə Rɔt' 'vɔ:r / *Lùb an Rothaid Mhòir* (ainm-àite); /ɣ dʰrɔn 'du/ *Sròn Dubh:an t-Sròn Dubh* (ainm-àite); /tʰɔRɣ 'xONi/ *Tòrr a’ Chonnaidh* (ainm-àite).
- (ii) a’ co-fhreagairt ri dà-fhoghar /tʰiɑɔ/, agus cuideachd ri dà-fhoghar /tʰuɣɔ/ (ach tha /o/ bho /tʰuɣɔ/ aig cuid de dhaoine sna faclan comharraichte mar fhuaimneachadh caochlach) :
 - (a) /ɔ/ bho /tʰiɑɔ/ : /ɔn 'ɔ:k/ *uan òg* ainr. + br. (‘A SPRING LAMB’); /L'ɛhɔN'/ *leth-uain* ainr. iol. (‘TWINS, TWIN LAMBS’), mur ann bho *leth-aoin* a thàinig seo : faic shìos.
 - (b) /ɔ/ bho /tʰuɣɔ/ : /prɔx 'ru:x'/ (fuaim. caoch.) *bruach fhraoich* ainr. + mion. (‘A HEATHERY BANK’); /prɔx 'rʰuɣɔ/ (fuaim. caoch.) *bruach ruadh* ainr. + br. (‘A GRAVEL BANK’); /kʰrɔ 'xɔrkʰ/ (fuaim. caoch.) *cruach-chorc* ainr., bt. ‘cruach-

¹¹⁶¹ Romance loan-word

choirce' ('A CORNSTACK'); /k^hrɔx 'tʃiɑ:ɾ/ (fuaim. caoch.) *cruach-fheur* ainr. ('A HAYSTACK'), bt. 'cruach-fheòir'; /ɣ g^hɔn 'L'ɔ:ɔsɔx/ (fuaim. caoch.) *an Cuan Leòdhasach* ('THE MINCH'); /fɔran/ (fuaim. caoch.) bho /f₁uɣɾan/ ann an /ɣ fɔran 'R₁uəɟ/ *am Fuaran Ruadh* (ainm-àite); /ɣ Lɔxɣɾ' 'vɔ:ɾ/ *an Luachair Mhòr* (ainm-àite); /L'ɛhɔɾ'/ *leth-uair* ainr. ('HALF AN HOUR'); /'smĩnik' ɔɾ'/ 's *minig uair* ('OFTEN').

- (iii) ann an ainmean-àite, a' co-fhreagairt ri /ɔ:/ ann an /Lɔ:n/ *lòn* ainr. : /ɣ 'g^hɑmɑɟLɔn/ *an Cam-lon* (ainm-àite) bho 'cam lòn'; /ɣ Lɔn 'tu/ (fuaim. caoch.) *an Lòn Dubh* (ainm baile 'LONDUBH').
- (iii) dh'fhaodadh a' co-fhreagairt ri /u:/: /L'ɛhɔN'/ *leth-aoin* ainr. iol. ('TWIN'), mur ann bho *leth-uain* a thàinig seo : faic shuas.
- (iv) ro /R/ (a fhuaradh bho /r/ mar thoradh air sandhi), a' co-fhreagairt ri /u/ gun bheum ann am facal le beum¹¹⁶² : an eileamaid /inɔR/, /ĩN'ɔR/, ann an /inɔR 'Nĩs'/ *Ionbhar Nis*, bt. 'Inbhir Nis', /ĩN'ɔR 'NɑRuN/ *Ionbhar Narann* bt. 'Inbhir Narann', cf. riochd le beum /ĩniɟ.ur/ *ionbhar* ainr., bt. 'inbhir'.

7.5.3.9 Bho fhaclan B, BA :

- (i) le deireadh-facail **-on -ond** : /ɑp^hɣɾɔn/ *aparan* ainr., B **apron** ; /pɛ:t^hɔn/ *Beutan* ainr. dil. (fine 'BEATON') bhon B ; /t₁ɣiɟmɔn/ *daimean* ainr., B **diamond** ; /tɛ:k^hɔn/ *deucon* ainr., B **deacon** ; /p^hut^hɔn/ *putan* ainr., B **button** ; /fɑsɔn/ *fasan* ainr., BA **fassoun** etc. ; /fɔRstɔn/ *fortan* ainr., B **fortune**, BA **forton** etc. ; /kɑLɔn/ *galan* ainr., B **gallon** ; /k'ɛɾɣstɔn/ *gearastan* ainr., B **garrison** ; /kɔ:ɾtɔn/ *Gordan* ainr. dil. (fine) BA **Gordon** ; /p^hɑ:t^hrɣn/ *pàtran* ainr., B **pattern**, BA **patron** etc. ; /p^hĩiɟs'ɔn/ *puinnsean* ainr., B, BA **poison**, **pushion** etc., cuideachd /p^hĩiɟs'ɔnt^h(ɣ)/ *puinnseant(a)* br., bt. 'puinnseanach' ; /ɾɛ:sɔn/ *reusan* ainr., BA **raison**, **reason** ; /Rɔtɔn/ *rodon* ainr., bt. 'radan' BA **ratton**, **rottan** etc. ; /sɛs'ɔn/ *seisean* ainr.,

¹¹⁶² corresponding to unstressed /u/ in a stressed word

cuideachd /s'ɛsɔn/ (le /s'ɛs-/) *seasan* ainr., ('CHURCH SESSION') B **session** ; /se:sɔn/
seusan ainr., B **season** ; /tʰastɔn/ *taston* ainr., bt. 'tastan' BA **testan, teston** ;
 dh'fhaodadh /ũN'ɔn/ *uinnean* ainr., BA 'ingan', 'ingon' etc. (= BBT 'onion').

- (ii) le deireadh-facail **-or, -our** : /mɑ:tʰs'ɔr/ *màidsear* ainr., B **major** ; /tɔtʰɔr/ *dotar* ainr.,
 B **doctor** ; /Rɑ:sɔr/ *ràsar* ainr., B **razor** ; /s'isɔr/ *siosar* ainr., B **scissor(s)** ;
- (iii) deireadh-facail le **-u-** : /kʰr'e:tʰɔr/, cuideachd /kʰr'e:tʰɔr/, *creutar* ainr. ('PERSON,
 PITIFUL PERSON') BA **creature**.

7.5.3.10 /ɔ/ an dèidh hiatais no /h/, an àite /ɣ/ no /i/ gun bheum ris am bitheadh dùil, mar
 thoradh air co-fhuaimneachd fhuaimreag :

/kʰɔɔɔɔɔL/ *coingheall* ainr. ('A LOAN') ; /kʰrɔ.ɔ/ *crodh*a ainr. ('A HORSESHOE') ; /kʰrɔ:.ɔk/
cròdhadh agr. ('SHOEING' de dh'eich) ; /kʰrɔ:.ɔk/ *cròthadh* agr. ('PENNING' m.e. de
 chaoraich) ; /tʰʒ.ɔN'/, cuideachd /tʰʒ.iN'/, *domhainn* br. ; /tɔrɔɔɔX/ *dorghach* agr. ('HAND-
 LINE FISHING') ; /trɔhɔt'/, cuideachd /trɔhit'/, *droicheid* ainr., bt. 'drochaid' ; /fɔ.ɔ/ (seas.)
fodha cgr. ('UNDER') ; /k'jɔ.ɔ/ *geodha* ainr. ; /l'jɔ.ɔ/ *leotha*, cuideachd /l'jɔ.ɔs(ɣ)/ (seas.)
leotha-s(a) riochd. roi. 3 iol., bt. 'leothasan' ; /ɔ.ɔ/ (seas.) *ogha* ainr. ; /pʰrɔ.ɔs/ *prothas* ainr.
 ('BROSE') ; /Rjɔ.ɔk/ *reodhadh* agr. ; /Rɔ.ɔt'/, cuideachd /Rɔ.it'/, *rothaid*, gin. de /Rɑ.at/
rathad ainr. ; /Rɔ.ɔs'/, cuideachd /Rɔ.ɣs'/, *rothais* gr. àithn. ('LOOK FOR, SEEK OUT') ;
 /s'jɔ.ɔk/ *seobhag* ainr., bt. 'seabhag' (*Falco peregrinus* 'PEREGRINE FALCON') ; /slɔ.ɔ/ *slotha*
 br. ('SLOW') ; /tʰjɔ.ɔ/ (seas.) *teotha* coim. de /tʰɛ/ *teth* br. ; /tʰjɔ:.ɔk/ *teòdhadh* agr. ; /tʰe
 'hjɔ.ɔ/ *te-theodha*, cuideachd /ih 'tʰjɔ.ɔ/ *ith-teodha* ainr. (*Conium maculatum* 'HEMLOCK') ;
 /xɑ 'tɔ.ɔr'/, cuideachd /xɑ 'tɔ.ir'/, (riochd le aiceann) *cha tobhair* gr. teachd. àich. ; /er'
 'tʰɔ.ɔr/ *air todhar* cgr. ('BLEACHING' sa ghrèin) ; /tʰʒ.ɔs/ *tomhas* ainr. & agr. ; /tʰrjɔ.ɔk/
 (fuaim. caoch.) *treabhadh* agr. ; /'u:r 'nʒ.ɔ/ (seas.) *ùr-nodha* br. ('BRAND-NEW, SPLIT-NEW').

7.5.3.11 Freumh-eòlas an /ɔ/ gun bheum neo-shoilleir :

/k^hɑLk^hɔs/ *calcos* ainr. ('OAKUM'); /k^hɑt^hɔs/ *catas* ainr. ('comhdach tana', gu sònraichte de shneachd) a rèir MacBain s.v. 'catas' bho B 'caddis'; /fɑ:Rl'ɔs/ *fàirleus* ainr. ('SMOKE-HOLE; CHIMNEY VENT') SG **forlés** (DIL s.v.); /ɣ 'b^hɪuk^hɔs/ *am piocas* ainr. ('CHICKEN-POX'); /R[ĩmɑ]k^hɔs/ *ramcos* ainr. (nithean beaga sgiote, 'LITTER'), cf. dh'fhaodadh BA 'ramle' ('rubbish' Warrack s.v.); /s'uk^hɔr/ *siucor* ainr., bt. 'siùcar', BA **succar**, **shuggar**; /t^hr[ũĩ]s'ɔr/ *truinnsear* ainr. ('PLATE' den ithear) BA **truncher** ('a wooden platter' Warrack s.v.).

7.6 Fuaimreag /o/

Tha /o/ gun bheum glè mhi-chumanta.

7.6.1 Co-roinn

Fhuaras /o/ gun bheum eadar dà chonsan neo-phalataichte, a' leantainn consan neo-phalataichte agus ro chonsan palataichte, aig deireadh facail (mar as trice a' leantainn hiatais), no ro hiatas a' leantainn leth-fhuaimreig (ann am faclan gun bheum).

7.6.2 Eachdraidh /o/ gun bheum

Gheibhear /o/ gun bheum mar a leanas :

7.6.2.1 Ann am facal gun bheum (no le dàrnacha beum) ann an co-fhillidhean, no ann an eileamaid gun bheum (no le dàrnacha beum) ann an ainmean-àite :

- (i) a' co-fhreagairt ri /o:/ fhada ann am facal le beum : /ɑhos'k'/ (M.) *athoisg* ainr. ('A GIMMER'), is dòcha bho 'ath' agus /o:s'k'/ *òisg* ainr. ; /j̥o.ɣN 'ɑl'i/ *Eòghann Aili* (patranaim), bho /j̥o:ɣN/ *Eòghann* ainr. dil. ; /ɣ LON 'tu/ (fuaim. caoch.) *an Lòn Dubh* (ainm-àite cumanta, cuideachd ainm baile 'LONDUBH').

- (ii) a' co-fhreagairt ri /o/ ghoirid ann am facal le beum : /^lmĩ:voŷ/ *mì-mhodh* ainr. (ach *cp.* /^lmĩ: 'voŷo^l/ *mì-mhodhail* le diofar pàtrain de bheum).
- (iii) a' co-fhreagairt ri dà-fhoghar /_lou_l/ ann am facal le beum : /k^hLot 'sku:ri/ *clobhd-sgùraidh* ainr. ('A FLOOR-CLOTH'); /p^hoL 'ju:/ *Poll Iù* ainr. dil. (ainm baile 'POOLEWE'); /_ɣ b^hoL_ɣ 'fat_ɣ/ *am Poll Fada* (ainm-àite); /_lt^hoL_ɣ n_ɣ 'd^hũNix'ɣn/ *Toll nan Tunnaichean* (ainm-àite 'THE HOLLOW OF THE TUNS'); /_lLɔx hoL_ɣ n_ɣ 'b_li_ɣst/ *Loch Tholl nam Biast* (ainm-àite).
- (iv) a' co-fhreagairt ri dà-fhoghar /_lu_ɣ/ ann am facal le beum (ach tha /ɔ/ aig cuid de dhaoine sna faclan comharraichte mar fhuaimneachadh caochlach): /asvON'/ *asbhuaìn* ainr.; /vo^lp^he:n/ *bhuaibh fhèin* riochd. roi. 2 iol. ath-fhillteach¹¹⁶³; /prox 'ru:x'/ (fuaim. caoch.) *bruach fhraoich* ainr. + mion. ('A HEATHERY BANK'); /prox 'r_lu_ɣɣ'/ (fuaim. caoch.) *bruach ruadh* ainr. + br. ('A GRAVEL BANK'); /k^hro 'xɔrk^h/ (fuaim. caoch.) *cruach-chorc* ainr., bt. 'cruach-choirce' ('A CORNSTACK'); /k^hrox 'iɑɣr/ (fuaim. caoch.) *cruach-fheur* ainr., bt. 'cruach-fheòir', ('A HAYSTACK'); /_ɣ g^hon 'L'ɔ:osɔx/ (fuaim. caoch.) *an Cuan Leòdhasach* ainr. dil. ('THE MINCH'); /^lfɛtXLOS'/ *feadhluais* agr., bt. 'farchluais' ('EAVESDROPPING'); /foran/ (fuaim. caoch.) bho /f_lu_ɣran/ ainr., m.e. ann an /_ɣ foran 'mɛl'is'/ *am Fuaran Meilis* (ainm-àite); /er' 'L'ɛXLOS'/ *air leth-chluais* cgr. ('ONE-EARED'); /ROr'i 'mo:ɾ/ *Ruairidh Mòr* (antrapanaim); /_ɣ 'N'ɑR^ho/ (fuaim. caoch.) *an ear-thuath* ainr. & cgr.
- (iv) a' co-fhreagairt ri dà-fhoghar /_li_ɣ/ ann am facal le beum : /_ɣ vl'ON 'u:r/ *a' Bhliadhna Ùr* ainr. dil., cuideachd /^lLEvl'ON_ɣ/ *leth-bhliadhna* ainr. ('SIX MONTHS'), /^lt'ɛx' pl'ON_ɣ ,fix it/ *deich bliadhna fichead*.

¹¹⁶³ reflexive

7.6.2.2 /o/ an dèidh hiatais an àite /ʁ/ gun bheum ris am bitheadh dùil, mar thoradh air co-fhuaimneachd fhuaimreag :

/k^hro:ːo/ *cròdha* br. ('HARDY'); /k^hro:ːok/ *cròdhadh* agr. ('GATHERING IN' den fhoghar); /j̥o:ːoN/, cuideachd /j̥o:ːʁN/, *Eòghann* ainr. dil.; /fo:ːoLan/ *fòthalan*, cuideachd /fo:ːoNan/ *fòthannan* ainr. (lus stobach a bhitheas anns a' chorc, dh'fhaodadh *Sonchus spp.* 'SOW-THISTLE'). Ann an /L'j̥o:ːoN/ *leòghann* ainr., bt. 'leòmhan' SG **léoman** (DIL s.v. 'léo') bidh e coltach gu robh cinneachadh ann **m** > **g** (suathach bileach gu suathach vèilearach) oir bhite an dùil ri */L'j̥o:ːuN/ bho **leoman**, le /u/ san lide gun bheum mar thoradh air call an **m**.

7.7 Fuaimreag /u/

Tha /u/ gun bheum cumanta ann an Gl.

7.7.1 Alafonan

Coltach ris an t-suidheachadh le beum, gheibhear trì seòrsachan de dh'alafonan de /u/ gun bheum : alafonan for-ghluaiste [u̥], [ü]; alafonan ìslichte [u̥,], no ìslichte agus for-ghluaiste [u] (= [u̥,]); agus alafon [u] a tha na fhuaimreig àird, chùlaibh, gun a bhith ìslichte no for-ghluaiste.

7.7.1.1 Gheibhear na h-alafonan for-ghluaiste [u̥], [ü] an co-thadhal ri consain phalataichte no a' leantainn hiatais an uair a bhitheas fuaimreig bheulaibh ron hiatas : [aː.ʉ̥ʃt̪] *àbhaist* ainr., [ʃh̥ʉ̥ʃ] *amhaich* ainr., [mer̥ʉ̥.ʉ̥k] *meirbheadh* agr., [n̥ʉ̥ʃ.ü̥ʃ] *nàmhaid* ainr., [s̥ʃ.ü̥ŋ] *Samhainn* ainr. dil., [ʃʁ̥ʃ.ü̥ŋ] *sleamhainn* br.; [eː.ü̥] *eubha* ainr.

7.7.1.2 Cluinnear an t-alafon [u] an dèidh hiatais no /h/ agus ro chonsan nach eil an dara cuid palataichte no vèilearaichte (ach ann an suidheachadh srònach bha mi am barail uaireannan gun cuala mi an t-alafon seo cuideachd ro /l'/, /N'/), agus aig deireadh-facail a' leantainn

chonsan nach eil palataichte no vèilearaichte : [a.uk] *abhag* ainr., [arahur] *arbhar* ainr., [b_l^je.ũn] *bleoghan* agr., [k^hr^jju'.un] *criùbhan* ainr. iol., bt. ‘craobhan’, [l^yã'huk] *làmh-thuagh* ainr., [eʔər^ju.u] *eadariutha* riochd. roi. 3 iol., bt. ‘eatarra’ ; [k^jħ.ũ^j] *ceangail* gr. àithn., [ǵħ.ũ^jn] *gamhainn* ainr. ; [jianu] *dhèanamh* agr., [ɛru] *fhearaibh* ainr. gairm. iol.

7.7.1.3 'S iad na h-alafonan islichte [y] no islichte agus for-ghluaiste [u] as cumanta gu mòr ann an lidean gun bheum ; is dòcha gu bheil seo an dà chuid mar thoradh air an t-suidheachadh sa bheil iad a thaobh na consain a tha ann an co-thadhal riutha, agus air sgath 's gu bheil fuaimneachadh nas lasaiche aig an fhuaimreig san t-suidheachadh gun bheum co-dhiù.

Cluinnear na h-alafonan seo :

- an co-thadhal ri /L/, /N/, /R/ agus /x/ (fiù 's an uair a bhitheas fuaimreag le beum a' tighinn eadar an consan agus an fhuaimreag gun bheum) : [k^jħ.ũ^j] *ceangal* agr., [xu^jũ] *chùlaibh* ainr., [l^yw.ũn] *lamhan* ainr. iol., bt. ‘làmhnan’, [sɔ_ç.u^j] *sobhal* ainr., bt. ‘sabhal’, [su^j.u^j] *saoghal* ainr., [t^hɔ^jũ^h] *talamh* ainr., [y.u^j] *ubhall* ainr., [fɔ^jũ.u m^h] *folbha mi* gr. teachd., bt. ‘falbhaidh mi’, [ɔ^jũ.u^j ɔ] *dh'fholbhadh e* gr. cumh. ; [k^hɔsnũ] *cosnadh* agr., [k^hr^jju'.un^y] *criùbhann* ainr. gin., bt. ‘craoibhe’ ; [l^yɔ.u^jt] *labhairt* agr.
- ann an suidheachadh srònach (gun a bhith an co-thadhal ri consan palataichte) : [k^hũ.ũk] *cumhang* br., [asə 'jĩn^j.ũr] *anns an ionbhar* roi. + alt + ainr., [nəs 'mũ.ũ] *nas motha* br. coim., [r^yħ.ũr] *reamhar* br., [nəs 'r^yũ.ũ] *nas riomha* br. coim., [ũ.ũ^h] *umha* ainr.
- an dèidh hiatais an uair a bhitheas /o/ a' tighinn ron hiatas (mar a chunnacas, 's iad [ɔ_ç], [ɔ_ç] na h-alafonan de /o/ a gheibhear ron hiatas) : [bɔ_ç.u] *bodha* ainr. ('SUBMERGED ROCK IN SEA'), [bɔ_ç.u] *bogha* ainr. ('A BOW'), [bɔ_ç.ur] *bodhar* br., [k^hl^yɔ_ç.u] *clobha* ainr. ('TONGS'), [k^hɔ_ç.u^j] *cobhair* ainr., [fɔ_ç.ur] *foghar* ainr., [ǵɔ_ç.u^h] *gobha* ainr., [ǵɔ_ç.ur] *gobhar* ainr., [hɔ_ç.u] *hobha* ainr. ('A HOE'), [sɔ_ç.u^j] *sobhal* ainr., bt. ‘sabhal’ ('A BARN').
- aig deireadh-facail no ro chonsan neo-phalataichte, is dòcha mar thoradh air fuaimneachadh lasach : [ɣ'.ur] *adhbhar* ainr., [d^jɛrɛhu^h] *dearbha* clr., [fu^j.ur] *faobhar* ainr., [ɣə.ɔk] *ghabhadh* gr. cumh., [ǵ^jũ.us] *giuthas* ainr., [lɛ.ur] *leabhar* ainr., [lɛnũ^h] *leanabh* ainr., [ɣə

[^li̯a.ʊk] *ga leughadh* agr., [va^ra.ʊk] *mharbhadh* gr. cumh., [p^hi̯u.ʊr] *piuthar* ainr.,
[skrⁱi̯.ʊk] *sgriobhadh* agr.

Cluinnear alafon islichte agus for-ghluaiste [ʊ], uaireannan le ìre as lugha de chruinne [ʊ̯], fear a tha aig amannan duilich aithneachadh bho alafonan de /ʁ/ ; mar a chunnacas le fuaimreagan gun bheum eile is dòcha gu bheil alafonan an dà fhoineim /u/ agus /ʁ/ air continuum agus na fòineimean fhèin ann an saor-chaochlaideachd. Tha na h-alafonan seo [ʊ], [ʊ̯] rin cluinntinn, tha mi am barail, ann an suidhichean far an d'fhuaras /u/ gun bheum mar thoradh air co-fhuaimneachd fhuaimreag no mar thoradh air an fhuaimreag gun bheum a bhith ann an co-thadhal ri /L/, /N/ no /R/ : [hukʊm] *thugam* riochd. roi. 1 sg., [hukʊʃ] *thugad* riochd. roi. 2 sg., [k^hu^hpʊl^v] *cupall* ainr., [gⁱʊ̯.l^vʊk] *gealladh* ainr., [ʊ̯rupʊl^v] *urball* ainr., [d̥õ̃n^võ̃xʊk] *Donnchadh* ainr. dil., [k^hʊ̯r^vʊk] *currac* ainr.

7.7.2 Co-roinn

Cluinnear /u/ gun bheum ro chonsan palataichte, a' leantainn consan palataichte, ro chonsan neo-phalataichte, a' leantainn consan neo-phalataichte, agus eadar dà chonsan neo-phalataichte ; ach cha d'fhuaras eisimpleir dhith eadar dà chonsan phalataichte.

7.7.3 Eachdraidh /u/ gun bheum

Gheibhear /u/ gun bheum mar a leanas :

7.7.3.1 A' leantainn hiatais, no /h/ (*cf.* S. Watson 1996 : 376-7), agus a' co-fhreagairt ri seann fhuaimreig ghoirid gun bheum a' leantainn suathach bileach, mar as trice neo-phalataichte ach uaireannan palataichte :

- (i) a' leantainn SG **b** no **m** : /a.ʊk/ *abhag* ainr., *cf.* MG **abacc** 'dwarf' (DIL s.v.) ; /a.uN^v/ *abhainn* ainr., SG cusp. tabh. sg. **abainn** (DIL s.v. '1 ab') ; /a:us^vt^v/ *àbhaist* ainr., MG **abaise**, cuideachd **ábaise** DIL s.v. 'abaise') ; /ʁ:ur/ *adhbhar* ainr., SG **adbar** (DIL s.v.) ;

/ʃhux'/ *amhaich* ainr. (le ginearalachadh den tabh.) dùblag de NGA ‘samhach’ (Dw. s.v.), bho SG **samthach**, **sàmthach**, a rèir O’Rahilly (1931a : 52) ; /ʃ.urk^h/ *amharc* agr., MG **amarc** (DIL s.v. ‘1 amarc’), cuideachd /yʃ.ur^h/ *dh’amhairc* gr. preit., NGE amhairc (2 sg. àithn.) (DIL s.v. ‘amarcaid’) ; /ʃɑrɑ₁hur/ *arbhar* ainr., SG **arbar** (DIL s.v. ‘1 arbar’) ; /k^hʃ̃.uL/ *ceangal* agr., SG **cengal** (DIL s.v.), cuideachd /k^hʃ̃.uI/ *ceangail* gr. àithn., (le di-choslachadh den **ng** gu suathach bileach mar thoradh air an **c** aig toiseach-facail : faic Borgstrøm 1941 : 87) ; /k^ho.ur/ *cobhair* ainr., SG **cobir** (DIL s.v. ‘cobair’) ; san eileamaid shònrachaidh san ainm-àite /pati 'xrʃ̃.u/ *Badaidh 'Chreamha* (‘THE LITTLE CLUMP OF THE WILD GARLIC’) cf. MG gin. sg. **crema** (DIL s.v. ‘crem’) ; /k^hr^hʃ̃.ju:.un/ *criùbhan* (bt. ‘craobhan’) iol., cuideachd /k^hr^hʃ̃.ju:.un/ *criùbhann* (bt. ‘craoibhe’) gin., de /k^hr^hʃ̃.ju:/ *criùbh* ainr., bt. ‘craobh’, SG **cráeb**, **cróeb** (DIL s.v. ‘cráeb’) ; /k^hr^hʃ̃.ukan/ *cnubhadhan* ainr. (na ghlacas neach eadar ceithir meòirean agus òrdag, ‘A LARGE PINCH’, m.e. de theatha) bho /k^hr^hʃ̃.an/ *cnubhan* ainr. (‘KNUCKLE’ de dh’alt meadhain agus de dh’alt barra nam meòirean¹¹⁶⁴) ; /k^hʃ̃.u/ *cumha* ainr. (‘A LAMENT’) SG **cuma** (DIL s.v. ‘1 cuma’) ; /k^hʃ̃.u/ *cumha* ainr. (‘A CONDITION’) SG **coma** (DIL s.v.) ; /k^hʃ̃.uN/ *cùmhainn* gr. àithn., bt. ‘caomhain’, cf. MG **cáemnaid** (DIL s.v.) ; /k^hʃ̃.uk/ *cumhang* br., MG **cumung**, **cumucc** (DIL s.v. ‘cumung’) ; /t^hʃ̃.iɑ₁.uk/ *dèabhadh* agr. (‘DRYING UP ; BLEEDING TO DEATH’) ; /k^hʃ̃.ʃ̃.ɛrɛ₁hu/ *gu dearbha* cgr., MG **co derbtha** ‘assuredly’ (DIL s.v. ‘derbtha’) (ach san fhuaim. chaoch. /k^hʃ̃.ʃ̃.ɛrɛ₁.i/ *gu dearbhaibh* cgr. tha an /-i/ aig deireadh facail duilich a mineachadh) ; /t^hʃ̃.ʃ̃.ɛrɛ₁.uk/ *dearbhadh* agr. (‘ARGUING’) SG **derbad** ‘testing, putting to the proof’ (DIL s.v.) ; /tu.u/ *dubha* iol. den br. /tu/ *dubh*, cf. SG ain. iol. boir. **dub** (DIL s.v. ‘dub’), cuideachd /tu.uk/ *dubhadh* agr. (‘GETTING BLACK’) NGT **dubhadh** (DIL s.v. ‘dubad’) ; /tu:.uL/ *Dùbhall* ainr. dil., bt. ‘Dùghall’ MG **Dubgall** (MacBain td. 399 s.v. ‘Dugald’) (ach mas e an suathach bileach a chaidh a chall an toiseach ’s e dìreach eisimpleir de cho-fhuaimneachd fhuaimreag a tha seo) ; /e:.u/ *Eubha* ainr. dil. (‘EVE’ ann an Genesis) cf. SG **Eua**, nas fhadalaiche **Eba**, **Éba** (DIL s.v.

¹¹⁶⁴ of the middle and end joint of the fingers

‘Eba’); /fu:ur/ agus /fɣ:ur/ *faobhar* ainr., MG **fáebar** (DIL s.v.); /fo.ur/ *foghar* ainr., MG **fogmar** (DIL s.v. ‘fogamar’); /f[ɔLɔ].u mi/ *folbha mi* gr. teachd., bt. ‘falbhaidh mi’, /ʏ[ɔLɔ].uk a/ *dh’fholbhadh e* gr. cumh., bt. ‘dh’fhalbhadh e’ (preit. /ʏ[ɔLɔ]v a/); /ʏa.uk/ *ghabhadh* gr. cumh. (preit. /ʏav/ *ghabh*) cf. NGE ‘gabhaim’, SG riochd caoch. **gabaid** (DIL s.v. ‘gaibid’); /kɛ.un’/ *gamhainn* ainr., SG **gamuin** (DIL s.v.); /k[arɔ].u/ *garbha* iol. den br. /k[arɔ]v/ *garbh*, cf. MG ain. iol. boir. **garba** (DIL s.v. ‘garb’); /ko.u/ *gobha* ainr., SG **gobae** (DIL s.v.); /ko.ur/ *gobhar* ainr., SG **gabor** (DIL s.v.); /Lɑ.urt/ *labhairt* agr., NGT **labhairt** (DIL s.v. ‘labairt’); /Lã.un/ *lamhan* ainr. iol., bt. ‘lámhan’, SG ain. iol. **láma** (DIL s.v. ‘lám’); /Lã:huk/ *lámh-thuagh* ainr., SG **lám-thúag** (DIL s.v. ‘lám’) is dòcha tro chinneachadh */Lã:v huɣ/ > */Lã:vɣk/ > /Lã:huk/; /L’e.ur/ (fuaim. caoch.) *leabhar* ainr., SG **lebor** (DIL s.v.); /v[arɔ].u/ *marbha* iol. den br. /m[arɔ]v/ *marbh*, SG **marb** (DIL s.v.); /m[arɔ].uk/ *marbhadh* agr., MG **marbad** (DIL s.v.); /m[ãɔ].u/ *miamha* ainr. (‘MIAOW’ de chat) cf. /m[ãɔ]vil’/ *miamhail* agr. (‘MEWING’); /m[ɛnɛ].un’/ (fuaim. caoch.) *meanmhainn* ainr. (‘ITCHING IN NOSE PROGNOSTICATING ARRIVAL OF A STRANGER’) SG cusp. tabh. sg. **menmain** (DIL s.v. ‘menma’); /Nã.ut’/ *námhaid* ainr., SG tabh. **námait** (DIL s.v. ‘nama(e)’); /Rã:huk/ *rámhadh* ainr. (‘LAST SPARK OF LIFE’) faic Robertson ca. 1910 agus Dw. s.v. ‘rámhag’, dh’fhaodadh a’ bunachadh ann an *‘rámh’ leis a’ chèill ‘freumh’; /rahun/ *rabhann* ainr. (‘A TIDE-MARK, A FLOOD-MARK’) (faic W.J. Watson 1904 : lxxxvi, 160, 237; Robertson ca. 1910 s.v. ‘rabhann’); /Rɛ.ur/ *reamhar* br., MG **remor** (DIL s.v.); /nɣs’Rjũ.u/ *nas riomha* br. coim., bt. ‘nas reamhra’, a rèir Borgstrøm 1941 : 82 §26.1 bho SG ***rimu**; /ro.ut/ *robhairt* ainr. (bt. ‘reothairt’) SG **robarta** (DIL s.v.); /ru.u/ *rubha* ainr. (‘A PROMONTORY’) dh’fhaodadh bho SG ‘ruba’ (DIL s.v. ‘2 ruba’, agus faic Cox 1998 : 64, not 4); /skr’[iɣ].uk/ *sgriobhadh* agr., cf. SG **scribaid** (DIL s.v.); /s’u.ul/ *siubhal* agr., MG **sibal**, **siubal** (DIL s.v. ‘sibal’); /so.ul/ *sobhal* ainr., bt. ‘sabhal’ (‘A BARN’) MG **saball** (DIL s.v.); /sɛ.un’/ *Samhainn* ainr. dil., SG **samain** (DIL s.v.); /skɛhuk/ *sgeamhadh* ainr. (‘A MORSEL OF FOOD’) cf. dh’fhaodadh NGE ‘scamhadh’ ‘peelings’ (Dinneen s.v.); /slɑ.uk/ *slabhag* ainr.,

cuideachd /sLɔ.uk/ *slobhag* ainr. ('HORN-PITH ; HORN SOCKET') cf. NGE 'sleabhac', 'slabhac', 'slo dhach' (Dinneen s.v. 'sleabhac') agus BA 'slake', 'sloke' (CSD s.v. 'slake'); /s'L'ẽ.uN'/ *sleamhainn* br., MG **slemain** (DIL s.v. 'slemon'); /t^h[ɑLɑ].uN'/ *talmhainn* gin. de /t^hɑLu/ *talamh* ainr., cf. SG cusp., tabh. **talmain** (DIL s.v. 'talam'); /tẽ:huk/ *tàmhadh* agr. ('A GRAB') cf. dh'fhaodadh Robertson ca. 1910 s.v. 'tàmadh' leis a' chèill 'onset, attack' (agus faic cuideachd Dw. s.v. 'tàmadh'); /t^hẽhusk/ *tamhasg* ainr. ('amadan') cf. dh'fhaodadh SG **amus** (DIL s.v.); /t^hre.uk/ (fuaim. caoch.) *treabhadh* agr., SG **trebad** (DIL s.v.); /t^hro.ut/ *trobhad* gr. easbh. ('COME!'); /t^hu.un/ *tùbhan* ainr. iol. ('SIDES') bt. 'taobhan', SG ain. sg. **táeb** (DIL s.v. 'taeb'); /u.uL/ *ubhall* ainr., SG **uball** (DIL s.v.); /ũ.u/ *umha* ainr. ('BRASS' : cha chanar /p^hra:s'/ *pràis* ri 'brass' an Gl., ach ri 'cast-iron') SG **um(a)e** 'copper, also bronze, brass' (DIL s.v.); /ũ.uL't^hɣ/ *umhailte* br., bt. 'umhail' cf. MG **umal** (DIL s.v.). Anns na faclan a leanas tha an /u/ gun bheum a' sealltainn gum faodadh gu robh an suathach bileach air fheart palataichte a chall mun deach an suathach fhèin a chall gu h-eadar-fhuaimreagach¹¹⁶⁵ : /ĩni.j.ur/ *ionbhar* ainr., bt. 'inbhir' SG **inber** (DIL s.v.); /m₁er'e.j.uk/ *meirbheadh* agr. ('DIGESTING') cf. MG **meirb** 'inert, flaccid, feeble' (DIL s.v.); an eileamaid /s'L'e.u/ ainr. gin. ann an /nɣ k^hɔr'ɔxən 's'L'e.u/ *na Coireachan Slèibhe* (ainm-àite 'THE MOOR-GRASS CORRIES').

- (ii) a' leantainn SG **f** : /ihURN(ɣ)/ *iotharn(a)* ainr. (bt. 'iutharna') SG **ifern**, tabh. **ifurnn**, **iffiurn** (DIL s.v. 'ifern').
- (iii) a' leantainn SL **f, v** : /m₁ẽu.jL nɣ 'k^hl'u.u/ *Meall na Cliubha* (ainm-àite 'CLIFF HILL'), dh'fhaodadh bho SL **klif**, le cinneachadh mar *[k^hl^jifə] (no *[k^hl^jivə]) > *[k^hl^jufə] > [k^hl^ju.u]; /k^hLo.u/ *clobha* ainr., SL tuis. fiar **klöfa** (cf. Cox 1990 : 98 ainm 1); /ĩɑ.j.ur/ *Ìomhar* ainr. dil. ('IVOR') SL cusp. **Ívar** (le **í** shrònaich) (no dh'fhaodadh e a bhith bho **Ingvar, Yngvar** : faic Oftedal 1956 : 96).

¹¹⁶⁵ the labial fricative had lost its palatalised quality before the fricative itself was lost intervocalically

- (iv) a' leantainn suathaich B, BA **v** no co-fhagasach bileach¹¹⁶⁶ **w** : /ho.u/ *hobha* ainr. ('A HOE') BA **how**, cuideachd bhon aon fhreumh-fhacal /t^ho.uk'/, cuideachd /t^houik'/, *tobhaig* gr. àithn. ('PUT GROUND TO POTATOES WITH HOE'); /ro.uk'/ *robhaig* gr. àithn. ('WIND', m.e. gleoc, uaireadair) BA **row** ('wind up (a clock etc)' CSD s.v.); /sahu/ *sabha* ainr., cuideachd /sahur/ *sabhar* ainr., ('A BAD SMELL') cf. Dw. 'samh', agus dh'fhaodadh cf. BA 'saur', 'savour' ('a smell, specifically an evil or sickening one' CSD s.v. saur); /s'ɛrɛj.utar'/ *searbhadair* ainr. ('TOWEL') BA **servit**, **servitor**; /s'o.uk'/ *seobhaig* gr. àithn. ('CHEW', de thombaca) BA **chow**; /sko.ul't^hɣ/ *sgobhailte* ainr. ('A SNEAK, SKULKER') dh'fhaodadh bho BA **scowk**, **scouk**; /t^harik' 'skr'ju.u/ *taraig-sgriubha* ainr. ('A SCREW') B **screw**; /sla:uk/ *slàbhadh* agr. ('BLEATHERING') cf. BA **slaver**; /t^ho.ur/ *tobhar* ainr. ('A TOUR') BA **tour**, **tower** 'a tour, a circular route' (CSD s.v. 'tour').

7.7.3.2 A' leantainn hiatais no /h/ agus a' co-fhreagairt ri seann fhuaimreig ghoirid gun bheum a' leantainn suathach neo-bhileach, a rèir coltais mar thoradh air cinneachadh a leithid */Vðɣ/ no */Vɣɣ/ > */Vvɣ/ > /V.u/ (le tarraing, is dòcha, a dh'ionnsaidh riochd fhaclan mar /ko.ur/ *gobhar* ainr., SG **gabor** (DIL s.v.), /k^hLo.u/ *clobha* ainr. ('TONGS') SL tuis. fiar **klofa**, aig an robh */Vvɣ/, */Vfɣ/ gu tùsail) :

- (i) a' leantainn SG **d** no **g** neo-phalataichte : /po.ur/ *bodhar* br., SG **bodar** (DIL s.v.); /o.ur/ *odhar* br., MG **odor** (DIL s.v.). A thaobh /L'ɪɑj.uk/ *leubhadh* agr., bt. 'leughadh', cuideachd /L'ɪɑj.u mĩ/ *leubha mi* gr. teachd., bt. 'leughaidh mi', (agus cf. preit. /l'ɪɑjv/ *leubh* bt. 'leugh', ann am freagairtean aontach /L'ɪɑjvi/ *leubhaidh* teachd., bt. 'leughaidh') cf. SG **légaid**, agus agr. **légad**, **légam**. Am beachd Borgstrøm 1941 : 87 's ann mar thoradh air analaidh ri 'sgriobhadh' a gheibhear suathach bileach san iar-riochd a gheibhear an Gl. an àite suathaich vèilearaich; faic cuideachd Gillies 1997 : 244, agus a-rithist 245-6 far a bheil MacGillÌosa a' cur air adhart a' bheachd gum faodadh gun do

¹¹⁶⁶ labial approximant

thachair eadar-chàradhadh : **légam** */L' e:ɣəv/ > */L' e:vəɣ/, ann an eachdraidh an fhacail seo (agus gun teagamh bhite an dùil gun toireadh seo */L' e:vəɣ/ > */L' iəvəɣ/ */L' iəvək/ > /L' [iə].uk/ ann an Gl.). Ann am /pl'e.un/ *bleoghan* gr. àithn. agus agr., SG **blegon**, nas tràithe **mlegon** agr. (DIL s.vv.), bidh e coltach a-rithist gun robh cinneachadh ann */-eɣɣ-/ > */-evɣ-/ > /-e.u-/, ach tha e sònraichte nach do thachair an cinneachadh seo san dùblaig /pl'ɔ.ɣn/. San fhacal /su:uL/ *saoghal* ainr., SG **saegul** (DIL s.v.), cuideachd, is docha gu robh atharrachadh ann bho shuathach vèilearach gu fear bileach mus deach an suathach a chall, cf. an riochd 'sivill' ann an LS Fearnaig (m.e. MacPhàrlain 1923 : 62-3 ; faic cuideachd Gillies 1997 : 243). Tha Fraser (1942 : 165) ag ràdh a thaobh an fheinimein seo : 'The spirant *gh* is frequently represented [i.e. san dòigh-litreachaidh¹¹⁶⁷] by a labial spirant after a long vowel ... [which] could be described as a glide' ; ach dh'fhaodadh e a bhith gu bheil an /u/ san lide gun bheum a gheibhear m.e. ann an /su:uL/ an Gl. a' sealltainn gu robh fuaimneachadh ann roimhe */su:vɣL/, le suathach bileach fòineimeach, agus mar sin nach e sleamhnan¹¹⁶⁸ a-mhàin a gheibhte gu h-eadar-fhuaimreagach. San fhacal /tɛ:ur'/ *dàmhair* agr. ('RUTTING') SG **dam-gaire** 'a bellowing or roaring of a stag' (DIL s.v.) tha an /u/ san lide gun bheum a' sealltainn gur e suathach bileach a chaidh a chall mu dheireadh, agus mar sin bhitheadh cinneachadh ann mar a leanas : an dara cuid */tǎvɣr'/ > */tǎ:var'/ (le fadachadh co-leasachail mar thoradh air call an dara suathaich sa chòmhlán) > */tǎ:vɣr'/ > /tɛ:ur'/ ; air neo */tǎvɣr'/ > */tǎ:ɣar'/ (mar thoradh air call a' chiad suathaich sa chòmhlán) > */tǎ:var'/ (mar thoradh air an suathach vèilearach a bhith ag atharrachadh na shuathach bileach) > */tɛ:ur'/

- (ii) a' leantainn SL **ð** no **g** : /po.u/ *bodha* ainr. ('SUBMERGED ROCK IN SEA') SL tuis. fiar **boða** ; /po.u/ *bogha* ainr. ('A BOW') SL tuis. fiar **boga** ; /thro.u/ *trobha* ainr. ('ceap don chrann ann an eathar', 'MAST SOCKET'), is dòcha bho SL **tróða**. Cuideachd ann an /e.uL'/ *eabhaill* ainr. ('cladach farsaing, uisge tana far an tèidear tarsainn air loch no inbhir') (bt.

¹¹⁶⁷ i.e. in orthography

¹¹⁶⁸ glide

‘fadhail’) mas ann bho SL cusp. **vaðil** a tha e, bidh e coltach gu robh cinneachadh */ð/ gu */v/ (suathach deudach gu bileach) ann mus deach an suathach a chall.

7.7.3.3 A’ leantainn consain agus a’ co-fhreagairt ri seann fhuaimreig ghoirid gun bheum a’ leantainn suathach bileach as e an dara ball de chòmhlán :

/t^heku/ *teagamh* ainr., SG **tecmang** ‘chance’ (DIL s.v.).

7.7.3.4 A’ co-fhreagairt ri seann fhuaimreig ghoirid gun bheum le bileach sèimhichte (an dà chuid neo-phalataichte no palataichte) ga leantainn (sa chumantas ’s e consan neo-phalataichte a gheibhear ron /u/, ach sna buadhairean /k^ho:k^u/ *còigeamh*, /t^hex^u/ *deicheamh*, /mĩ:l^u/ *mìleamh*, agus san agr. /f ẽN^u/ *fainneamh*, ’s e consan palataichte a tha againn : a thaobh seo faic Ó Maolalaigh 2002) :

(a) eisimpleirean sa choitcheannas¹¹⁶⁹ : /a:yu/ *Àdhamh* ainr. dil. (‘ADAM’ ann an Genesis) SG **Ádam** (DIL s.v.); /ark^hu/ *Arcaibh* ainr. dil. (‘ORKNEY’) cf. seann ‘i n-Orcaib’ (W.J. Watson 1926a : 100); /er^h p_iiq₁Lu/ *air beulaibh* roi., MG **ar bélaib** (DIL s.v. ‘bél’); /pr^hihu/ *britheamh* ainr., SG **brithem** (DIL s.v. ‘breithem’); /k^hat^hu/ *Cataibh* ainr. dil. (‘EAST SUTHERLAND’) bho sheann ‘i Cataib’ (W.J. Watson 1926a : 100); /er^h k^hu:Lu/ *air cùlaibh* roi., MG **ar cúlaib** (DIL s.v. ‘cúl’); /k^hɔSNu/ *cosnamh* agr., bt. ‘cosnadh’ SG **cosnam** (DIL s.v.); /t^hĩq₁nu/ *dèanamh* agr., SG **dénum** (DIL s.v.); /ɛL^hu/ *eathlamh*, cuideachd /ɛLu/ *ealamh* br., (‘READY, HASTY’) SG **athlom** (DIL s.v.); /f ẽN^u/ *fainneamh* agr., bt. ‘fannadh’ (‘iomramh gus bàta a chumail os cionn an aon ghruinn’); /kaLu/ *Gallaibh* ainr. dil. (‘CAITHNESS’) cf. seann ‘i nGallaib’ (W.J. Watson 1926a : 100); /L^henu/ *leanabh* ainr., MG **lenab** (DIL s.v.); /t^halLu/ *talamh* ainr., SG **talam** (DIL s.v.).

(b) na h-àireamhan òrdail : ’s e /-u/ aig deireadh facail a gheibhear sna h-àireamhan òrdail¹¹⁷⁰, a’ co-fhreagairt ri SG **-mad** (no dh’fhaodadh ris na riochdan gin. sg. boir., cusp. iol. fir., ain. cusp. iol. boir. **-mth(a)e**, **-mthu**, **-mtha**), m.e. /ɣ^h g^her^hu/ *an ceathramh* cf. SG

¹¹⁶⁹ general examples

¹¹⁷⁰ ordinal numbers

gin. sg. boir **cethramthae** (DIL s.v. ‘cethramad’), /x 'd'ex'u/ *an deicheamh*, /x 'g'h[iɣ]tu/ *an ceudamh*, /x 'm̃i:l'u/ *am mìleamh*, cuideachd /ũ:nu/ *aonamh* m.e. /x 'd'hũ:nu Lɑ.a 't[iɣ]k/ *an t-aonamh latha deug*, SG **óenmad** (DIL s.v. ‘oenmad’); gheibhear an deireadh facail /-u/ air sgaoileadh tro analaidh do na h-àireamhan ordail eile (seach /x 'x'[iɣ]t/ *a' chiad* agus /x 'dɑ:RNɣ/ *an dàrna*) aig nach robh am moirfeim ‘-mad’ ann an SG, m.e. /x 'g'h'o:k'u/ *an còigeamh* (agus cf. Ó Maolalaigh 2002 : 72 nota 8), /x 's'[iɑ]hu/ *an sèathamh*. Dh’fhaodadh gu bheil /tʰr̥ju.u/ *triumha*, *triubha* (bt. ‘treas’), a dh’aindeoin cion an t-srònachaidh, a’ bunachadh ann an riochd cusp. iol. MG ***trimtha** *vel sim.*, cf. NGT ‘trimedh’ (DIL s.v. ‘trímad’); ’s e an cinneachadh a dh’fhaodadh a bhith ann */-iǵθə/ > */-ifə/ (le call feart an t-srònachaidh an seo) > */-iufə/ > */-ju.u/, cf. /nɣs 'R̥jũ.u/ *nas ríomha* br. coim. (bt. ‘nas reamhra’), am beachd Borgstrøm 1941 : 82 bho SG ***rimu** (faic §4.7.6.8), agus an eileamaid /kʰl'u.u/ san ainm-àite /m̥[ẽ]u]L nɣ 'kʰl'u.u/ *Meall na Cliubha*, a rèir W.J. Watson 1904 : 240 bho SL **klif** (agus faic § 7.7.3.1 fo-earr. (iii)).

(c) an gairmeach iolra : cluinnear /-u/ aig deireadh facal sa ghairmeach iol., a tha air riochd an t-seann tabh. iol. a ghabhail (airson beachd air adhbhar cinneachadh an fhòineim /-u/ faic Ó Maolalaigh 2002 : 68 ; cf. cuideachd Borgstrøm 1940 : 49) : /x 'vɑLɔxu/ *a bhalachaibh* bt. ‘a bhalacha’ ; /eru/ *fhearaibh* bt. ‘fheara’.

(d) Mar a mhìnich Borgstrøm (1941 : 88), san fhacal /pehux/ (fuaim. caoch.) *beathach* ainr., MG **bethadach** tha an /u/ gun bheum air adhbharachadh le dì-choslachadh nan dà shuathach deudach */θ — ð/ > */θ — w/, agus */-ɣwɣx/ > /-ux/.

(e) San ainr. /e:u/ *èigheamh* (‘A SHOUT’), iol. /e:uNɣn/ *èighea(mh)nnan*, SG **égem** dh’fhaoidte tagairt gu sìmplidh air a’ chiad sealladh gu robh cinneachadh ann a leithid */e:ɣ'əv/ > */e:ɣ'u/ > /e:u/ ; ach sa chiad àite tha riochd a’ ghniomhair àithnich /e:v/ *èibh* (no *eubh*?) (bt. ‘èigh’ SG **égid**) a’ sealltainn gun do dh’atharraich an suathach palatach san stoc seo aig àm air choireigin na fhear bileach ; agus san dara àite ma ghabhar ris Ó Maolalaigh 2002 : 65 (gu sònraichte Riaghailt (A)), gheibhte */e:ɣ'i/ bho */e:ɣ'əv/. Ann a bhith a’ feuchainn ris an cinneachadh seo a shoillearachadh tha trì atharrachaidhean sa

cheist : **(a)** suathach palatach gu suathach bileach, **(b)** call an t-suathaich eadar-fhuaimreagaich, agus **(c)** call an t-suathaich aig deireadh facail ; agus a rèir an òrduigh san do thachair na h-atharrachaidhean tuigear gu bheil iom-mhalairt againn de thrì slighean cinneachaidh a dh'fhaodadh a bhith ann don iar-riochd /e:u/¹¹⁷¹. Leis an òrdugh **(abc)** gheibhear : */e:ɣ'əv/ ^(a)> */e:v'əv/ > */e:vəv/ (le call feart a' phalatachaidh san t-suathach bhileach eadar-fhuaimreagach : cf. Ó Maolalaigh 2002 : 61-2, 65) ^(b)> */e:uv/ (le */ə/ > */u/ mar thoradh air call an t-suathach bhilich eadar-fhuaimreagaich) ^(c)> /e:u/ ; le **(acb)** : */e:ɣ'əv/ ^(a)> */e:v'əv/ > */e:vəv/ (le call feart a' phalatachaidh) ^(c)> */e:vu/ (le */ə/ > */u/ mar thoradh air call an t-suathach bhilich aig deireadh facail) ^(b)> /e:u/ ; agus le **(cab)** : */e:ɣ'əv/ ^(c)> */e:ɣ'u/ (le */ə/ > */u/ mar thoradh air call an t-suathach bhilich aig deireadh facail) ^(a)> */e:v'u/ > */e:vu/ ^(b)> /e:u/. Tha an cinneachadh chun nan riochdan */e:v'ɣv/ (agus */e:vɣv/) ann an **(abc)** agus an **(acb)**, far am faighear dà shuathach bhileach a' leantainn a chèile, a' faireachdainn gu math mì-choltach tha mi am barail, agus mar thoradh air a seo uile dh'fhaodadh e a bhith gur ann tro shlighe **(cab)** a fhuaras bho SG **égem** gu Gl. /e:u/ : 's e sin, gu robh an t-atharrachadh **(c)** (call an t-suathaich aig deireadh facail, le atharrachadh san fhuaimreig gun bheum */-ə/ > /-u/ a' leantainn air an seo) deis mus do thachair na h-atharrachaidhean air na suathaich eadar-fhuaimreagach¹¹⁷². A bharrachd air an seo, tha e soilleir nach do thachair eadar-chàradh¹¹⁷³ san ainr. ghnìomhaireach na chinneachadh bho SG **égem**, co-dhiù chun an iar-riochd /e:u/ a gheibhear an Gl.¹¹⁷⁴, *pace* Gillies 1997 : 245 (far nach eil e soilleir cuideachd cò às a thàinig an riochd /e:ɣv/ le /-ɣ-/ neo-phalataichte a gheibhear aig sreath 8), oir bheireadh seo an dara cuid : */e:ɣ'ɣv/ > */e:v'ɣv/ > */e:vɣk/ > **/e:uk/ ; air neo */e:ɣ'ɣv/ > */e:vɣɣ'/ > **/e:vi/.

¹¹⁷¹ we have a permutation of three possible development pathways to the reflex /e:u/

¹¹⁷² the change */-əv/ > /-u/ was completed before the changes in the intervocalic fricatives took place

¹¹⁷³ metathesis

¹¹⁷⁴ metathesis did not take place in the verbal noun during its development from Old Gaelic **égem**, at least to the reflex /e:u/ which is found in Gairloch

7.7.3.5 Ann an co-thadhal ri /L/, /N/, /R/ :

- (i) /L/ : /k^hup^huL/ *cupall* ainr., MB **couple** ; /k^oLUk/ *gealladh* ainr., MG **gellad** agr. (DIL s.v. ‘geallaid’) ; /uLɣpuL/ *Ullabul* ainr. dil. (ainm baile ‘ULLAPOOL’) SL **Ullibólstaðr** a rèir W.J. Watson 1904 : 254 ; /ɹuruɹpuL/ *urball* ainr., bt. ‘earball’ MG **erball** (DIL s.v.).
- (ii) /N/ : /ʔN^or^o 'naruN/ *Ionbhar Narann* ainr. dil., bt. ‘Inbhir Narann’. Ann an /t₁ũNuɹxuk/ *Donnchadh* ainr. dil., SG **Donnchad** (DIL s.v.) bidh e coltach gu bheil buaidh aig an /N/ air an fhuaimreig gun bheum fiù ’s le co-thadhal nach eil neo-mheadhanach.
- (iii) /R/ : /k^huRuK/ *currac* ainr., cf. dh’fhaodadh BA ‘curch’.

7.7.3.6 Ann an claonain :

/muR 'sĩn/ [mu 's^yĩn] (fuaim. caoch.) *mar sin* cgr., cf. SG **immar** (DIL s.v.).

7.7.3.7 Ann am facal gun bheum (no le dàrnacha beum) ann an co-fhillidhean, no ann an eileamaid gun bheum (no le dàrnacha beum) ann an ainmean-àite :

- (i) a’ co-fhreagairt ri /u:/ fhada ann am facal le beum : /pruk^h 'RU:ɑN^o/ *brùc-rùdhain* ainr., bt. ‘brùchd-ruadhain’, (‘A BAD-SMELLING BELCH’) ; /k^hus^o 'xu:RSt/ *cùis-chùirt* ainr. (‘SELF-IMPORTANT PERSON’) ; /k^oɹiɑɹxus^oɔx/ *geur-chùiseach* br., cf. MG **gér-cúis** ‘subtlety’ (DIL s.v. ‘gér’), cuideachd /mo:ɹxus^o/ *mòrchuis* ainr. (‘CONCEIT’), le /-xu:s^o(-)/ *-chùis(-)* mar an dara eileamaid a bha roimhe aig an dà fhacal seo (agus am beachd R.A Bhreatnaich 1958-61b : 166-7 tha *-chúis* an seo a’ bunachadh ann an *-*chubhais* bho SG ‘cubus’) ; /k^huL ɣ 'dũ:N^o/ *Cùl an Dùin* (ainm-àite) ; /k^huL ɣ 'N^oeI^oɑn/ *Cùl an Eilein* (ainm àite-thuineachaidh ‘CULANEILAN’) ; /eɹ^o 'L^oehul^o/ *air leth-shùil* (‘ONE-EYED’) ; /s^oɹiɣɹ^ohul^oɔx/ *siar-shùileach* br. (‘SQUINT-EYED’) ; /sul^o 'xruhiX^o/ *sùil-chruthaich* ainr. (‘A QUAGMIRE’).
- (ii) a’ co-fhreagairt ri /u/ ghoirid ann am facal le beum : /k^hũ.URSt/ *cofhurt* ainr., bt. ‘cofhurtachd’ is dòcha bho ‘co(mh)’ + ‘furtachd’ (ach dh’fhaodadh le tarrainn a dh’ionnsaigh B ‘comfort’).

- (iii) a' co-fhreagairt ri dà-fhoghar /l̥uĩ/ : san eileamaid /uL'tʰ/ ann am /mĩ:L' ʁ NuL'tʰ 'Y'u.us'/ *Mill an Uillt Ghiuthais* (ainm-àite) ; /ʁ Lup 'YUʁ'/, bho */ʁ 'L̥uĩp 'YUʁ'/, *an Lùib Dhuibh* (ainm-àite, le ginearalachadh den tabh.).
- (iv) a' co-fhreagairt ri dà-fhogharan /l̥uʁ/, /l̥uɑ/ (sa chumantas ro chonsan palataichte) : /ʁ ,vul'ə 'YU/ *a' Bhuaile Dhubh* (ainm-àite) ; /pul' nʁ 'L̥uĩp/ *Buaile na Lùib* ainr. dil. (ainm baile 'BUALNALUIB') ; /l̥Rur'i 'i.ɑn/ *Ruairidh Iain* (patranaim) ; a' co-fhreagairt ri dà-fhoghar /l̥uʁ/ ro chonsan neo-phalataichte : /ʁ 'N'ɑRʰu/ (fuaim. caoch.) *an ear-thuath* ainr. & cgr. ; /Lus 'ʃnɑLɔx/ *luaths-analach* ainr. ('SHORTNESS OF BREATH').

7.7.3.8 /u/ an dèidh hiatais (no gu h-ainmig suathaich) an àite /ʁ/ gun bheum ris am bitheadh dùil, mar thoradh air co-fhuaimneachd fhuaimreag :

/pru.uX/ *bruthach* ainr. ('A BRAE') SG **bruach** (dà-lideach) (DIL s.v.) ; /pru:.uX/ *brùthadh* agr. ('A BRUISE') MG **brúd, brúud**, nas fhadalaiche **brugad** (DIL s.v. 'brúd') ; /kʰu.u/ (seas.) *ciutha* ainr. ('A CUE' de dh'fhalt) B **cue** ; /kʰr̥j̥u.u/ (seas.) *criutha* ainr., B **crew** ; /kʰru.u/ (seas.) (fuaim. caoch.) *crudha* ainr. ('HORSESHOE') SG **cróa** 'horse-shoe' (DIL s.v. 'cró') ; /kʰru.uXʁk/ *cruthachadh* ainr. agus agr., MG **cruthugud** (DIL s.v.) ; /tru:.uX/ *drùdhadh* agr. ('SOAKING THROUGH ONE') ; /k'u.us/ *giuthas* ainr., SG **giús** (DIL s.v.) ; /ʁ 'l̥u.ut/ *a liuthad* ainr., cf. SG coim. **lia, liu** (DIL s.v. 'il' ; Th. § 372) ; /nʁs 'mũ.u/ (seas.) *nas motha* br. coim., SG coim. **moo, mou** (DIL s.v. 'mór') ; /pʰj̥u.ur/ *piuthar* ainr., SG **siur** (dà-lideach) (DIL s.v. 'siur') ; /r'u.u/ (seas.) *riutha* riochd. roi. 3 iol., SG **friu** (Th. § 433), cuideachd, /etʁr'u.u/ *eadariutha(?)* riochd. roi. 3 iol. (riochd caoch. de /etʁrɛt'/ *eadaraid*, bt. 'eatarra') is dòcha tro analaigidh ri /r'u.u/ *riutha* ; /RU:.uX/ *rùghadh* agr. ('LIFTING PEATS'), cf. dh'fhaodadh SL **hrúga** ; /s'u.ut/ *siuthad* gr. easbh. àithn. ; /su:.uX/ *sùghadh* agr., cf. SG **súgad** (DIL s.v.). Ann an /hukum/ *thugam* riochd. roi. 1 sg., cf. SG **cuccum-sa** (Th. § 433), /hukut/ agus /huʁut/ *thugad* riochd. roi. 2 sg., cf. SG **cucut, cucut-su** (Th. § 433), is dòcha gur e co-fhuaimneachd fhuaimreag as adhbhar don /u/ gun bheum,

dh'fhaodadh ann an /huyut/ an toiseach agus a' sgaoileadh gu /hukum/ agus /hukut/ (fuaim. caoch.) tro analaigidh.

7.7.3.9 Freumh-eòlas an /u/ gun bheum neo-shoilleir :

/na 'vɛhu/ *na bheathamh(?)* ('IN HIS PRIME'); /k^h[arɑ]ku/ *cargu* ainr., B **cargo**; /kɑhuk/ *cabhadh* ainr., bt. 'cathadh' ('SPINDRIFT'), cuideachd /kɑhuk 'Lɑr'/ *cabhadh-làir* ainr., bt. 'cathadh-làir' ('DRIFTING SNOW'), faic Robertson 1907-8 : 182; /kLɑsɤxu/ *Glasachu* ainr. dil., bt. 'Glaschu'; /ɔ:rtu/ *òrdugh* ainr. ('AN ORDER'), chan ann bho MG **ordugud** agr. oir bheireadh seo > /ɔ:rtɔxkiN'/ *òrdachdainn* ('ORDERING'), ach cf. dualchainnt Ìle ['ɔ:rtɔv] (Grant 1987 : 225) le [-ɔv] aig deireadh facail.

7.8 Fuaimreag /u/

Chan eil /u/ gun bheum idir cumanta.

7.8.1 Co-roinn

Fhuaras /u/ gun bheum eadar dà chonsan neo-phalataichte, aig deireadh facail an dèidh hiatais no consain neo-phalataichte, eadar consain neo-phalataichte a' tighinn roimhe agus fear palataichte ga leantainn, agus eadar hiatas agus consan neo-phalataichte.

7.8.2 Eachdraidh /u/ gun bheum

Gheibhear /u/ gun bheum mar a leanas :

7.8.2.1 Ann am facal gun bheum (no le dàrnacha beum) ann an co-fhillidhean, no ann an eileamaid gun bheum (no le dàrnacha beum) ann an ainmean-àite :

- (i) a' co-fhreagairt ri /u:/ fhada ann am facal le beum : /ɤ g^huL 'pɛk/ *an Caol Beag* (ainm-àite); /ɤ g^huL 'k^hũ.uk/ *an Caol Cumhang* (ainm-àite); /k^huLɤs ɤ 'dũ:nan/

Caolas an Dùnain (ainm-àite); /^lʲɛχruus/ *leth-chraos* ainr., m.e. san abairt /ha mχ 'hɛ̃χ mɛ̃χ er' mχ 'l'ɛχruus/ *tha mo theanga a-mach air mo leth-chraos* ('MY TONGUE IS HANGING OUT'); /trum 'iχ]xkχr'/ *druim-iòchdair* ainr. ('A SOLE-ROPE'); /χ 'druumχ 'R[ʉχ]γ/ *an Druim Ruadh* (ainm-àite); /t'ruumχ 'γ'iγər'i/ *Druim Ghiodhairidh* (ainm-àite); /χ 'g^hromχ 'ruun/ *an Crom-raon* (ainm-àite); /χ ruu 'L' iχ]γ/ *an Raon Liath* (ainm-àite); /χ vuul' 'vr'ek^h/ *a' Mhaoil Bhreac* agus an gin. /nχ 'mũlɔχχ 'pr'ik^hχ/ *na Maolach Brice* (ainm-àite).

- (ii) a' co-fhreagairt ri dà-fhoghar /t'ũi]/ ann am facal le beum: /t' iχ]χuun'/ (fuaim. caoch.) *dìochuimhn* ainr., bt. 'dìochuimhne' ('FORGETFULNESS'), bho /k^ht'ũi]nχ/ *cuimhne* ainr., SG **cuimne**.
